

TIOTAL OBRACH	Ceannard Oighreachdan
ROINN	Oighreachdan
AN URRA RI	Stiùiriche Leasachaidh
A' STIÙIREADH	Sgioba Oighreachdan is Glèidhidh
SGÈILE TUARASTAIL	£45,089 - £52,806
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

TUAIRISGEUL OBRACH

Tha an Ceannard Oighreachdan an urra ri stiùireadh is obair an sgioba Oighreachdan, agus leasachadh, staid is tèarainteachd oighreachd thogte is àrainn na Colaiste agus cuideachd an urra ri Slàinte is Sàbhailteachd às leth na Colaiste. Tha an Ceannard Oighreachdan ag aithris gu dìreach don Stiùiriche Leasachaidh agus ag obair mar phrìomh bhall den Sgioba Stiùiridh. Bidh an Ceannard Oighreachdan ag obair gu dlùth le measgachadh de mhanaidsearan is luchd-obrach agus a' stiùireadh an sgioba Oighreachdan airson seirbheis a tha proifeiseanta, eagraichte is stèidhichte air an luchd-cleachdaidh a thoirt gu buil don Cholaiste gu lèir. Tha e mar dhleastanas a' Cheannard Oighreachdan Ro-innleachd Oighreachdan na Colaiste ullachadh is a libhrigeadh agus a bhith ag aithris gu dìreach ri Comataidh Ionmhais is Oighreachdan na Colaiste.

PRÌOMH DHLEASTANASAN

- A' làimhseachadh togail, libhrigeadh is gleidheadh oighreachd na Colaiste a rèir Ro-innleachd ùr Oighreachd na Colaiste.
- A' dèanamh ath-sgrùdadh, ùrachadh is cur an sàs Ro-innleachd na h-Oighreachd.
- A' stiùireadh is a' leasachadh sgiobannan Oighreachd is Glèidhidh na Colaiste airson seirbheis èasgaidh, èifeachdach is stèidhichte air an neach-cleachdaidh a thoirt gu buil.
- A' dearbhadh, mar phrìomh oifigear Slàinte is Sàbhailteachd, gu bheil àrainn na Colaiste a' gèilleadh ris a h-uile lagh is riaghailt riatanach tro shiostaman, poileasaidhean, pròiseasan, ionnsachadh is brosnachadh èifeachdach.
- Ag obair mar bhall riatanach den sgioba stiùiridh a tha a' toirt seachad stiùireadh, comhairle, taic is riochdachadh air ceist sam bith a thaobh oighreachd na Colaiste.
- A' cumail smachd air buidseat roinn na h-Oighreachd. Thèid a h-uile pròiseact corporra na h-Oighreachd a stiùireadh leis a' Cheannard Oighreachdan ann an com-pàirteachas leis an Stiùiriche Ionmhais is an Stiùiriche Leasachaidh.
- A' com-pàirteachadh le gach neach is buidheann ùidh na Colaiste, an dà chuid taobh a-staigh is taobh a-muigh, agus a' cur aithisgean dà thuras sa bhliadhna gu Buidheann Maoineachaidh Shabhal Mòr Ostaig agus Urras Leasachaidh Shabhal Mòr Ostaig.
- A' gèilleadh le modhan-obrach thairgsean is a' com-pàirteachadh gu dlùth le dòigh solarachaidh cholaistean APUC.

- A’ stiùireadh fhreagairtean laghail no riatanach airson SFC is bhuidhnean eile mar as iomchaidh.
- Ag ullachadh is a’ cur aithisgean Oighreachdan gu Comataidh Ionmhais is Oighreachdan (CIO) agus Bòrd Stiùiridh na Colaiste.
- A’ cumail taic ris an Stiùiriche Leasachaidh leis a h-uile pròiseact mòr air leasachadh calpa.
- A’ cumail conaltradh leis na prìomh bhuidhnean ùidh air an taobh a-muigh, leithid Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd ’s nan Eilean.
- A’ riochdachadh na Colaiste air cùisean nan Oighreachdan do na buidhnean ùidh gu lèir.
- A’ làimhseachadh chùmhnantan màil na Colaiste ann am Fàs agus pàirtean eile de dh’oighreachd thogte na Colaiste.

Sònrachadh pearsa

	Riatanach	Na bhuannachd
Teisteanasan is trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Teisteanas proifeiseanta iomchaidh ann an stiùireadh thogalaichean no oighreachdan no eòlas-obrach co-ionann	Teisteanas aithnichte ann an Stiùireadh Slàinte is Sàbhailteachd
Eòlas	Eòlas mionaideach air laghan a bheir buaidh air togalaichean is oighreachdan, gu h-àraid sàbhailteachd teine, slàinte is sàbhailteachd, gèilleadh is riaghailtean thogalaichean Eòlas air pròiseasan sgrùdadh chunnartan	
Sgilean	Dòigh cheannardais a tha fosgailte agus com-pàirteach Deagh sgilean sgiobachd agus eòlas air stiùireadh is leasachadh sgiobannan Comas air conaltradh soilleir is èifeachdach, an dà chuid labhairteach is sgrìobhte, le measgachadh de dhaoine aig a h-uile ìre Comas air buaidh a thoirt air agus obrachadh ann an suidheachadh com-pàirteach le iomadh luchd-ùidh	Neach-labhairt Gàidhlig no deòin airson a h-ionnsachadh

	Sgilean làidir ann an ionmhas is buidseatan agus eòlas dearbhte air ceannachd is dearbhadh luach-an-airgid	
Eòlas-obrach	<p>Eòlas air obair ann an dreuchd stiùiridh àrd</p> <p>Eòlas air stiùireadh oighreachdan aig ìre àrd</p> <p>Eòlas dearbhte air stiùireadh phròiseactan togail is phrògraman glèidhidh</p> <p>Eòlas air stiùireadh is làimhseachadh bhuidseatan cho math ri tuigse air libhrigeadh phrògraman glèidhidh is corporra</p> <p>Eòlas air planadh, aithriseadh is taisbeanadh aig ìre stiùiridh àrd</p>	

Uairean-obrach san t-seachdain

35 uairean gach seachdain.

Làithean-saora bliadhna

35 làithean agus làithean-saora poblach nam measg (agus cuid dhiubh rin gabhail aig àm na Nollaig nuair a tha a' Cholaiste dùinte).

Sgèile tuarastail:

£45,089 - £52,806 sa bhliadhna, a rèir eòlais.

Tha sgeama peinnsein aig a' Cholaiste a tha fosgailte do gach neach-obrach.

Gheibh gach neach-obrach measadh bliadhna cuide ris an neach-stiùiridh aca, airson seirbheisean a chumail aig ìre àrd agus trèanadh is leasachadh pearsanta a shònrachadh.

Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' cumail a làn thaic riut is tu ag ionnsachadh na Gàidhlig agus thèid grunn chothroman ionnsachaidh a thabhann dhut.